

**CÒD GIÙLAIN
AIRSON
BUILL *BHÒRD NA GÀIDHLIG***

A fhuair aonta air 2 Giblean 2014

CÒD GIÙLAIN AIRSON BUILL BHÒRD NA GÀIDHLIG

CLÀR-INNSE

	Duilleag
Earrainn 1: Ro-ràdh airson a’ Chòd Ghiùlain	4
A’ Cur Bhall an Dreuchd air Bòrd Stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig	4
Stiùireadh air a’ Chòd Ghiùlain	5
A’ Dèanamh Cinnteach gun Tèid an Còd a Chur an Sàs	5
Earrainn 2: Prìomh Phrionnsapalan a’ Chòd Ghiùlain	6
Earrainn 3: Giùlan san Fharsaingeachd	8
Giùlan aig Coinneamhan	8
An Dàimh a th’ agaibh ri Buill a’ Bhùird agus an Luchd-obrach aig Bòrd na Gàidhlig	8
Tuarastalan, Sochaisean agus Cosgaisean	8
Tiodhlacan is Aoigheachd	8
Dleastanasan Dìomhaireachd	9
A’ Cleachdadh Goireasan Bhòrd na Gàidhlig	9
Air ur Cur an Dreuchd aig Buidhnean Com-pàirteach	10
Earrainn 4: A’ Clàradh Chom-pàirtean	11
Seòrsa a h-Aon: Tuarastalan	11
Seòrsa a Dhà: Companaidhean no Buidhnean Co-cheangailte	12
Seòrsa a Trì: Cùmhnantan	12
Seòrsa a Ceithir: Taighean, Fearann is Togalaichean	13
Seòrsa a Còig: Com-pàirt tro Earrainnean agus Suimeannan-urrais	13
Seòrsa a Sia: Tiodhlacan is Aoigheachd	13
Seòrsa a Seachd: Com-pàirtean Neo-ionmhasail	13
Earrainn 5: A’ Nochdadh Chom-pàirtean	15
San Fharsaingeachd	15
Com-pàirtean a dh’Fheumas sibh a Dhèanamh Follaiseach	16
Na Com-pàirtean Ionmhasail agaibh	16
Na Com-pàirtean Neo-ionmhasail agaibh	17
Na Com-pàirtean Ionmhasail aig Daoine Eile	17
Na Com-pàirtean Neo-ionmhasail aig Daoine Eile	18

A' Nochdadh Com-pàirt	18
A' Nochdadh Chom-pàirtean gu Tric	19
Saoraidhean	19

Earrainn 6: Tagraidhean bho Dhaoine agus Cothroman gus Conaltradh ri Buill Bhòrd na

Gàidhlig	20
Ro-ràdh	20
Riaghailtean is Stiùireadh	20

Eàrr-ràdhan

Eàrr-ràdh A:	Na Modhan-smachdachaidh as Urrainn do Choimisean nan Inbhean a Chur an Sàs Nuair a Thèid an Còd Giùlain a Bhristeadh	21
Eàrr-ràdh B:	Mìneachaidhean	23

EARRAINN 1: RO-RÀDH AIRSON A' CHÒD GHIÙLAIN

1.1 Sa bheatha phoblaich ann an Alba thathar a' sùileachadh tòrr bho dhaoine a tha nam Buill de Bhùird aig buidhnean poblach agus a thaobh nan dòighean sam bu chòir dhaibh iad fhèin a ghiùlan nuair a tha iad a' coileanadh nan dleastanasan aca. Feumaidh sibh na thathar a' sùileachadh bhuaibh a choileanadh agus sibh a' dèanamh cinnteach nach gabh ceist a chur san dòigh sa bheil sibh gur giùlan fhèin.

1.2 Tha Achd nan Inbhean Beusach sa Bheatha Phoblaich mssa (Alba) 2000, "an Achd", a' toirt seachad Còd Giùlain airson chomhairlichean ionadail agus Buill de bhuidhnean poblach buntainneach; tha e a' fàgail dleastanas air comhairlean agus buidhnean poblach buntainneach gus na comhairlichean is Buill aca a chuideachadh ann a bhith coileanadh a' chòd a bhaineas riutha; agus tha an Achd a' stèidheachadh Coimisean Inbhean na h-Alba, "Coimisean nan Inbhean", gus am frèam-obrach ùr a stiùireadh agus gus dèiligeadh ri casaidean gun deach an còd a bhristeadh.

1.3 Fon Achd feumaidh Ministearan na h-Alba Còd Giùlain do Chomhairlichean agus Còd Coileanta do Bhuill de Bhuidhnean Poblach Tiomnaichte a chur air beulaibh na Pàrlamaid.

Chaidh an Còd Coileanta a thoirt a-steach an toiseach ann an 2002 agus chaidh ùrachadh san Dùbhlachd 2013 às dèidh co-chomhairleachaidh agus aonta bho Phàrlamaid na h-Alba. Tha na h-ùrachaidhean a chaidh a dhèanamh air ga dhèanamh cunbhalach ris na pàirtean buntainneach den Chòd Ghiùlain airson Chomhairlichean; chaidh an Còd sin ùrachadh ann an 2010 às dèidh aonta bho Phàrlamaid na h-Alba.

1.4 Tha Bòrd na Gàidhlig air Còd Giùlain aontachadh stèidhichte air a' Chòd Ghiùlain choileanta ùr a dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba ann an 2014. Mar Bhall de Bhòrd na Gàidhlig, tha e an urra ribh fhèin dèanamh cinnteach gu bheil sibh eòlach air cumhachan a' Chòd Ghiùlain a tha Bòrd na Gàidhlig air a dheasachadh, agus gun giùlain sibh sibh fhèin ann an dòigh a chumas ris na cumhachan sin.

A' Cur Bhall an Dreuchd air Bòrd Stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig

1.5 Tha e mar uallach air buidhnean poblach ann an Alba seirbheisean èifeachdach a libhrigeadh a fhrithleas air feuman an t-sluaigh, sluagh a tha sìor fhàs nas eadar-mheasgaichte. Cuideachd, tha Riaghaltas na h-Alba air amas co-cheangailte ri co-ionannachd a stèidheachadh a thaobh dhreuchdan poblach gus dèanamh cinnteach gum bi sluagh nas eadar-mheasgaichte air an riochdachadh, na tha an-dràsta, am measg nan dreuchdan a thèid aontachadh le Ministearan. Gus an dà amas sin a choileanadh, bu chòir do na Buill a th' air bòrd stiùiridh a bhith tighinn bho chaochladh dhiofar shuidheachaidhean is sheòrsaichean togail agus bu chòir farsaingeachd de dh'fheartan, eòlas is eòlas pearsanta a bhith aca. Ma tha buidhnean poblach a' dol a shoirbheachadh, tha e deatamach gum bi iad a' tàladh nan daoine as fheàrr airson nan dreuchdan aca agus mar sin tha e riatanach gum brosnach na modhan-fastaidh airson Buill a' Bhùird an àireamh as motha as urrainnear de dhaoine freagarrach gu bhith cur a-steach airson nan dreuchdan agus nach bi cnapan-starra sam bith ann nach bu chòir a bhith ann. Mar sin, bu chòir fios a bhith agaibh air na diofar dhleastanasan is an obair a th' aig Bòrd na Gàidhlig dha bheil sibh nur Ball agus bu chòir fios a bhith agaibh air cùisean co-cheangailte ri iomadachd is co-ionannachd san fharsaingeachd. Bu chòir dhuibh cuideachd ionnsachadh mu na modhan-fastaidh a th' aig a' bhuidhinn phoblaich agaibh airson Buill. Bidh iad air na modhan sin aontachadh le Ionad-eòlais Riaghaltas na h-Alba airson Dhreuchdan Poblach.

1.6 Bu chòir dhuibh cuideachd ionnsachadh mun phoileasaidh a th' aig Bòrd na Gàidhlig airson Buill ùra a chur an dreuchd. Leis a' phoileasaidh sin bu chòir ro-innleachd a bhith aig Bòrd na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-dreuchd aige a bheil na sgilean, an t-eòlas is an t-eòlas pearsanta a tha dhìth gus na dleastanasan aige a choileanadh ann an dòigh eaconamach, èifeachdach is buadhach.

Stiùireadh air a' Chòd Ghiùlain

1.7 Feumaidh sibh cumail ris na riaghailtean co-cheangailte ri giùlain a gheibhear sa Chòd seo. Tha e mar uallach pearsanta oirbh cumail ris na riaghailtean giùlain agus sùil as ùr a thoirt, co-dhiù uair sa bhliadhna, air an t-suidheachadh phearsanta agaibh feuch an urrainn dhuibh fhathast cumail riutha, gu h-àraidh nuair a tha an suidheachadh agaibh air atharrachadh. Chan fhaod sibh uair sam bith gnìomhan a mholadh no a bhrosnachadh a bhiodh an aghaidh Còd Giùlain Bhòrd na Gàidhlig.

1.8 Chaidh an Còd seo a dhealbh a rèir nam prìomh phrionnsapalan ainmichte ann an Earrainn 2 agus tha e a' toirt seachad fiosrachadh a bharrachd air mar a bu chòir na prionnsapalan a bhith air an tuigsinn agus air an cur an sàs. Faodaidh Coimisean nan Inbhean stiùireadh a thoirt seachad cuideachd. Chan urrainn do Chòd sam bith dèiligeadh ris a h-uile suidheachadh agus mura h-eil sibh cinnteach mu mar a bhuineas na riaghailtean seo ri suidheachadh, bu chòir dhuibh comhairle iarraidh bho Bhòrd na Gàidhlig. Dh'fhaodadh cuideachd gun roghnaich sibh comhairle iarraidh bhon luchd-chomhairleachaidh laghail agaibh fhèin agus, a thaobh chùisean ionmhasail is coimeirsealta a tha mionaideach, bho luchd-proifeiseanta freagarrach eile.

1.9 Bu chòir dhuibh an sgrìobhainn, "Air a' Bhòrd – stiùireadh do Bhuill–Bùird aig buidhnean poblach ann an Alba", aig Riaghaltas na h-Alba a leughadh. Bheir an sgrìobhainn sin fiosrachadh dhuibh a chuidicheas sibh nur dreuchd mar Bhall de Bhòrd na Gàidhlig agus gheibhear e air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba.

A' Dèanamh Cinnteach gun Tèid an Còd a Chur an Sàs

1.10 Tha cumhachan ann am Pàirt 2 de dh'Achd nan Inbhean Beusach sa Bheatha Phoblaich mssa (Alba) 2000 airson dèiligeadh ri casaidean gun deach an Còd Giùlain seo a bhristeadh agus airson a bhith cur nam modhan-smachdachaidh an sàs nuair a tha sin iomchaidh agus nuair a tha Coimisean nan Inbhean air dearbhadh gun deach an Còd a bhristeadh. Chithear na modhan-smachdachaidh sin ann an **Eàrr-ràdh A**.

EARRAINN 2: PRÌOMH PHRIONNSAPALAN A' CHÒD GHIÙLAIN

2.1 Bu chòir dhuibh coimhead air na prionnsapalan coitcheann air a bheil an Còd seo stèidhichte mar stiùireadh is mìneachadh a-mhàin. 'S iad na prionnsapalan coitcheann:

Dleastanas

Tha dleastanas oirbh taic a chumail ris an lagh agus ur giùlan fhèin a rèir an lagha agus na h-earbsa a tha am poball air a chur annaibh. Tha dleastanas oirbh obrachadh a chum leas Bhòrd na Gàidhlig dha bheil sibh nur Ball agus ann an aonta ri prìomh obair is dhleastanasan na buidhne.

Neo-fhèineil

Tha dleastanas oirbh co-dhùnaidhean a dhèanamh a chum leas a' phobaill a-mhàin. Chan fhaod sibh gnìomhan no co-dhùnaidhean a dhèanamh a bheir buannachdan ionmhasail no susbainteach eile dhuibh fhèin, do ur càirdean no do ur caraidean.

Treibhdhreas

Chan fhaod sibh a bhith an comain neach no buidheann sam bith eile air adhbharan ionmhasail, no eile, a dh'fhaodadh a bhith air a mheas gu reusanta na adhbhar a bheireadh buaidh oirbh ann a bhith coileanadh nan dleastanasan agaibh.

Cothromachd

Feumaidh sibh co-dhùnaidhean a dhèanamh a rèir airidheachd a-mhàin, agus ann an dòigh a tha ann an aonta ri dleastanasan Bhòrd na Gàidhlig, nuair a tha sibh ri gnothaichean poblach, a' gabhail a-steach a bhith fastadh dhaoine, a' buileachadh chùmhnanntan no a' moladh dhaoine fa leth airson bhuannachdan ionmhasail no sochairean.

Cunntachalachd is Stiùbhardachd

Tha sibh cunntachail don phoball airson nan co-dhùnaidhean is gnìomhan a nì sibh. Tha dleastanas oirbh beachdachadh air cùisean a rèir airidheachd, agus sibh a' gabhail ealla ri beachdan chàich agus feumaidh sibh dèanamh cinnteach gun dèan Bòrd na Gàidhlig feum crionna de na stòrasan is ionmhas aige agus ann an dòigh a tha laghail.

Fosgarra

The dleastanas oirbh a bhith cho fosgarra 's as urrainn dhuibh a thaobh nan co-dhùnaidhean is gnìomhan a nì sibh, agus sibh a' toirt seachad adhbharan airson nan co-dhùnaidhean agaibh agus cha chùm sibh fiosrachadh dìomhair ach nuair a tha e soilleir gu bheil e riatanach sin a dhèanamh airson leas a' phobaill san fharsaingeachd.

Onarach

Tha dleastanas oirbh a bhith onarach. Feumaidh sibh com-pàirt phrìobhaideach sam bith a th' agaibh a dh'fhaodadh buntainn ris na dleastanasan poblach agaibh fhoillseachadh, agus feumaidh sibh ceumannan a ghabhail gus fuasgladh fhaighinn air strì sam bith eadar na com-pàirtean agaibh ann an dòigh a nì dìon air leas a' phobaill.

Ceannas

Tha dleastanas oirbh taic a chumail ris na prionnsapalan seo agus an cur air adhart tro mar a bhios ceannas agaibh air cùisean agus tro ur n-eisimpleir fhèin, gus an cuir am poball earbsa is muinighin ann an treibhdhireachd Bhòrd na Gàidhlig agus na Buill aige fhad 's a tha iad ri gnothaichean poblach agus gus an tèid an earbsa is muinighin sin a neartachadh.

Spèis

Feumaidh sibh spèis a shealltainn do na Buill eile aig Bòrd na Gàidhlig agus do luchd-obrach na buidhne agus na dreuchdan a th' aca, agus sibh modhail riutha daonnan. Cuideachd, feumaidh sibh spèis a nochdadh do bhuill den phoball nuair a tha sibh a' coileanadh dhleastanasan poblach mar Bhall de Bhòrd na Gàidhlig.

2.2 Bu chòir dhuibh cumail ri prionnsapalan a' Chòd seo nuair a tha sibh a' dèiligeadh ri Buill eile aig Bòrd na Gàidhlig, a luchd-obrach agus ri luchd-ùidhe eile. Cuideachd, bu chòir dhuibh cumail ri prionnsapalan a' Chòd seo nuair a tha sibh a' dèiligeadh ris a' phoball agus sibh a' coileanadh dhleastanasan poblach mar Bhall de Bhòrd na Gàidhlig.

EARRAINN 3: GIÙLAN SAN FHARSAINGEACHD

3.1 Feumaidh sibh cumail ris na riaghailtean airson deagh mhodhan-giùlain san earrainn seo anns gach suidheachadh far a bheil sibh a' coileanadh ur dleastanasan mar Bhall de Bhòrd na Gàidhlig.

Giùlan aig Coinneamhan

3.2 Feumaidh sibh spèis a shealltainn don Chathraiche, do na Buill eile agus do luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig aig coinneamhan. Feumaidh sibh gabhail ri co-dhùnaidhean a nì an Cathraiche an lùib ghnòthaichean nan coinneamhan sin.

An Dàimh a th' agaibh ri Buill a' Bhùird agus an Luchd-obrach aig Bòrd na Gàidhlig (a' gabhail a-steach daoine a tha air am fastadh le cunnradairan a tha libhrigeadh sheirbheisean)

3.3 Bidh sibh modhail ri Buill eile air a' Bhòrd Stiùiridh agus ri luchd-obrach sam bith air am fastadh aig a' bhuidhinn agus seallaidh sibh spèis dhaibh. Thathar an dùil gun nochd Buill eile agus luchd-obrach an aon spèis dhuibhse cuideachd. 'S e deagh mhodh-obrach a th' ann do dh'fhastaichean ma bheir iad seachad eisimpleirean de dhòighean-giùlain nach eil iomchaidh sa bhuidhinn aca. Cuideachd, bu chòir do bhuidhnean poblach àrainneachd obrach a chruthachadh a tha sàbhailte, fallain agus cothromach don a h-uile duine. Mar Bhall den Bhòrd, bu chòir eòlas a bhith agaibh air poileasaidhean Bhòrd na Gàidhlig a thaobh burraidheachd is sàrachadh san àite-obrach agus bu chòir dhuibh eisimpleir a shealltainn do chàch tro na dòighean-giùlain agaibh fhèin.

Tuarastalan, Sochairean agus Cosgaisean

3.4 Feumaidh sibh cumail ri riaghailtean Bhòrd na Gàidhlig a thaobh thuarastalan, sochairean agus cosgaisean.

Tiodhlacan is Aoiigeachd

3.5 Chan fhaod sibh gabhail ri tiodhlac no aoiigeachd sam bith far am faodadh e a bhith gum faigheadh sibh fhèin gu pearsanta buannachd dha-rìribh no shusbainteach às no far am faodadh amharas a bhith ann gun deach an toirt dhuibh feuch an toireadh sibh taic do neach no buidheann sam bith, no feuch am fàgadh sibh neach no buidheann fo anacothrom. Bu chòir dhuibh cuideachd faighneachd am biodh e reusanta a bhith smaoineachadh le tiodhlac sam bith a gheibh ur cèile no an neach a tha fuireach còmhla ribh, no a gheibh companaidh far a bheil sealbh agaibh air gu leòr dheth airson smachd a bhith agaibh air, no a gheibh compàirteachas far a bheil sibh nur neach-compàirt, gum faodadh an tiodhlac sin buaidh a thoirt na co-dhùnaidhean agaibh. Tha am facal "tiodhlac" a' gabhail a-steach buannachdan leithid saoradh bho fhiachan, lasachadh air iasadan no seirbheisean air an toirt seachad aig prìs nas saoire na bhiodh aig a' phoball ri phàigheadh san fharsaingeachd.

3.6 Chan fhaod sibh tiodhlacan no aoiigeachd iarraidh uair sam bith.

3.7 Tha gach co-dhùnadh a nì sibh a thaobh thairgsean air, no a bhith gabhail ri, tiodhlacan no aoiigeachd an urra ribh fhèin gu pearsanta agus tha e an urra ribh fhèin dèanamh cinnteach nach tèid cron a dhèanamh air an earbsa a th' aig a' phoball ann am Bòrd na Gàidhlig. Mar stiùireadh coitcheann, tha e freagarrach gu h-àbhaisteach a bhith diùltadh gach tairgse ach a-mhàin:

- (a) corra thiodhlaic gu math beag, agus chan fhaod luach nas motha na £50 a bhith ann;
- (b) aoiġeachd àbhaisteach co-cheangailte ris na dleastanasan agaibh a bhiodh air a mheas freagarrach is reusanta; no
- (c) tiodhlacan a gheibh sibh às leth Bhòrd na Gàidhlig.

3.8 Chan fhaod sibh gabhail ri tiodhlaic no aoiġeachd bho neach no buidheann sam bith a dh'fhaodadh buannachd fhaighinn bho cho-dhùnadh sam faodadh a' bhuidheann agaibh a bhith an sàs, no a tha ag iarraidh gnothach a dhèanamh còmhla ris a' bhuidheann agaibh, far am faodadh neach a bhith smaoin eachadh gu reusanta gum faodadh an tiodhlaic no aoiġeachd sin buaidh a thoirt air a' bhreith a bheireadh sibh. Ma tha sibh a' tadhal air àiteigin mar phàirt den dreuchd agaibh mar Bhall de Bhòrd na Gàidhlig, bu chòir dhuibh, mar riaghailt àbhaisteach, dèanamh cinnteach gum pàigh a' bhuidheann agaibh airson cosgaisean an turais.

3.9 Chan fhaod sibh aoiġeachd no tiodhlaic a ghabhail a-rithist is a-rithist bhon aon neach no buidheann.

3.10 Bu chòir do Bhuill de Bhòrd na Gàidhlig eòlas a chur air cumhachan Achd na Brìbearachd 2010 a tha mìneachadh dè th' ann an eucoir nuair a thig e gu bhith toirt air neach eile brìb a ghabhail agus nuair a thig e gu bhith gabhail ri brìb.

Dleastanasan Dìomhaireachd

3.11 Bidh amannan ann math dh'fhaodte far am feum sibh còmhraidhean, sgrìobhainnean is fiosrachadh eile a bhuineas ri obair na buidhne a chumail dìomhair. Bidh sibh gu tric a' faighinn fiosrachadh prìobhaideach nach deach fhoillseachadh gu poblach fhathast, no nach eilear an dùil fhoillseachadh gu poblach idir. Feumaidh sibh daonnan cuimhneachadh gu bheil leithid a dh'fhiosrachadh dìomhair agus feumaidh sibh am fiosrachadh sin a chumail dìomhair.

3.12 Chan eil e ceadaichte dhuibh a bhith foillseachadh fiosrachadh (ann an sgrìobhadh no le bhith bruidhinn mu dheidhinn) air an d' fhuair sibh cothrom sònraichte mar Bhall, mar eisimpleir fiosrachadh bho sgrìobhainn dhìomhair. A thaobh sgrìobhainnean no fiosrachadh eile, thathar ag iarraidh oirbh breith a thoirt sibh fhèin a thaobh dè bu chòir dhuibh a thoirt seachad do bhuidhnean no daoine taobh a-muigh na buidhne. Às bith dè thachras, chan fhaod sibh uair sam bith a leithid a dh'fhiosrachadh a chleachdadh airson gum faigh sibh fhèin buannachdan pearsanta no ionmhasail às, no airson adhbharan poiliteigeach no ann an dòigh sam bith a dhèanadh cron air cliù Bhòrd na Gàidhlig.

A' Cleachdadh Goireasan Bhòrd na Gàidhlig

3.13 Chan fhaod Buill goireasan, uidheaman, pàipearachd, fònaichean, coimpiutairean, no seirbheisean is uidheamachd teicneòlas fiosrachaidh na buidhne poblaiche aca a chleachdadh ann an dòigh no air adhbharan neo-cheadaichte, no an cleachdadh airson ghnìomhan poiliteigeach no an lùib iomairtean poiliteigeach airson partaidh poiliteigeach. Feumaidh sibh an leithid de dh'uidheamachd is seirbheisean msa a chleachdadh a rèir nam poileasaidhean is riaghailtean a th' aig Bòrd na Gàidhlig airson a bhith gan cleachdadh. Feumaidh sibh cuideachd a bhith faiceallach nuair a tha sibh a' dol an sàs sna meadhanan sòisealta nach dèan sibh no nach sgrìobh sibh dad a bhiodh mì-fhreagarrach do Bhall de Bhòrd Stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig.

Air ur Cur an Dreuchd aig Buidhnean Com-pàirteach

3.14 Dh'fhaodadh gun tèid ur cur an dreuchd, no gun tèid ur moladh le Bòrd na Gàidhlig airson dreuchd, mar Bhall de bhuidhinn/buidhnean eile. Ma thachras sin, bidh agaibh ri cumail ri riaghailtean giùlain nam buidhnean eile sin agus bu chòir dhuibh cumail ri riaghailtean a' Chòd seo nuair a tha sibh a' coileanadh ur dleastanasan airson nam buidhnean eile.

3.15 Nuair a thèid Buill nan stiùirichean de chompanaidhean às dèidh dhaibh a bhith air am moladh le Bòrd na Gàidhlig, bidh iad a' gabhail os làimh nan dleastanasan pearsanta a bhios orra fo Achd nan Companaidhean. Dh'fhaodadh gun èirich strì eadar com-pàirtean airson Buill san t-suidheachadh sin a thaobh na com-pàirt a th' aca sa chompanaidh agus ann am Bòrd na Gàidhlig. Tha e an urra ribh fhèin comhairle iarraidh a thaobh nan dleastanasan a th' agaibh le Bòrd na Gàidhlig agus leis a' chompanaidh. An lùib sin bidh agaibh ri faighneachd dhuibh fhèin aig amannan am bu chòir dhuibh a' chom-pàirt a th' agaibh sa chompanaidh is ann am Bòrd na Gàidhlig a chomharrachadh.

EARRAINN 4: A' CLÀRADH CHOM-PÀIRTEAN

4.1 Sna h-earrainnean a leanas chithear an seòrsa chom-pàirtean, ionmhasail is eile, a dh'fheumas sibh a chlàradh. Canar "Com-pàirtean a tha rin Clàradh" riutha. Feumaidh sibh, daonnan, dèanamh cinnteach gun tèid na com-pàirtean sin a chlàradh, nuair a thèid ur cur an dreuchd agus nuair a dh'atharraicheas an suidheachadh agaibh ann an dòigh far am feum sibh na com-pàirtean agaibh atharrachadh, no feadhainn ùr a chur ann, ann an Clàr na buidhne agaibh. Tha e mar uallach oirbh dèanamh cinnteach gun inns sibh mu dheidhinn atharrachadh sam bith air an t-suidheachadh agaibh taobh a-staigh mìos bho dh'atharraich an suidheachadh.

4.2 Tha na Riaghailtean¹, mar a chaidh an atharrachadh, a' mìneachadh dè an clàr-ama a th' ann airson a bhith clàradh chom-pàirtean agus mar a chlàraicheas sibh iad. Tha e mar uallach pearsanta oirbh cumail ris na riaghailtean sin agus bu chòir dhuibh sùil as ùr a thoirt air ur suidheachadh pearsanta gu cunbhalach, agus co-dhiù uair sa bhliadhna. Ann an **Eàrr-ràdh B** chithear na prìomh mhìneachaidhean agus notaichean mìneachaidh a chuidicheas sibh ann a bhith dèanamh co-dhùnadh a thaobh dè dh'fheumas sibh a dhèanamh nuair a tha sibh a' clàradh nan com-pàirtean agaibh fo sheòrsa air leth sam bith. 'S iad na com-pàirtean a dh'fheumas sibh a chlàradh an fheadhainn a chithear sna paragrafan a leanas a bhuineas ris an t-suidheachadh agaibhse. Chan fheum sibh na com-pàirtean aig a' chèile agaibh no an neach a tha fuireach còmhla ribh a chlàradh.

Seòrsa a h-Aon: Tuarastalan

4.3 Bidh agaibh ri com-pàirt a chlàradh nuair a gheibh sibh tuarastal agus sibh:

- air ur fastadh aig cuideigin eile;
- ag obair air ur ceann fhèin;
- a' coileanadh dreuchd shònraichte;
- nur stiùiriche air companaidh, gnothachas no buidheann;
- nur neach-compàirt ann an companaidh no com-pàirteachas; no
- ri ciùird, ann an dreuchd phroifeiseanta no dreuchd eile no ri obair sam bith eile.

4.4 A thaobh 4.3 gu h-àrd, chan fheum sibh sùim an tuarastail a tha sibh a' faighinn a chlàradh agus chan fheum sibh an tuarastal agaibh mar Bhall a chlàradh.

4.5 Mura h-eil sibh a' faighinn tuarastal airson dreuchd no suidheachadh, chan fheum sibh a chlàradh fon cheann seo. Ge-tà, dh'fhaodadh gum feum sibh a chlàradh fon dàrna seòrsa com-pàirt, "Companaidhean no Buidhnean Co-cheangailte", ma tha sibh nur stiùiriche gun tuarastal do bhuidhinn no companaidh.

4.6 Ma tha sibh a' faighinn shochairan mar bhall de bhuidhinn sam bith, feumaidh sibh clàradh gu bheil sibh a' faighinn leithid a shochairan.

4.7 Nuair a tha sibh a' clàradh gu bheil sibh air ur fastadh le cuideigin eile, feumaidh sibh ainm an fhastaiche a thoirt seachad, innse dè an seòrsa gnothachais a th' ann, agus dè an dreuchd a th' agaibh sa bhuidhinn/chompanaidh.

¹ SSI - Riaghailtean Achd nan Inbhean Beusach sa Bheatha Phoblaich mssa (Alba) (Clàr nan Com-pàirtean) 2003, Àireamh 135, mar a chaidh an atharrachadh.

4.8 Nuair a tha sibh a' clàradh gu bheil sibh ag obair air ur ceann fhèin, feumaidh sibh ainm a' ghnòthachais a thoirt seachad agus innse dè an seòrsa ghnòthachais a th' ann. Nuair a tha sibh a' clàradh com-pàirt ann an com-pàirteachas, feumaidh sibh ainm a' chom-pàirteachais a thoirt seachad agus innse dè an seòrsa ghnòthachais a th' ann.

4.9 Nuair a tha sibh ri ciùird, ann an dreuchd phroifeiseanta no dreuchd eile, no ri obair sam bith eile, feumaidh sibh innse mu dè an seòrsa obrach a th' ann agus dè cho cunbhalach 's a tha an obair sin. Mar eisimpleir, ma tha sibh a' sgrìobhadh do phàipear-naidheachd, feumaidh sibh ainm a' phàipeir a thoirt seachad, agus dè cho tric 's a tha na h-artaigilean dha bheil sibh a' faighinn pàigheadh a' nochdadh sa phàipear.

4.10 Nuair a tha sibh a' clàradh gu bheil sibh nur stiùiriche, bidh agaibh ri ainm clàraichte a' chompanaidh, a' ghnòthachais no na buidhne a thoirt seachad far a bheil sibh nur stiùiriche agus dè an seòrsa ghnòthachais sa bheil iad an sàs.

4.11 Chan fheum sibh peinnean a chlàradh, oir chan eil sin mar phàirt den t-seòrsa com-pàirt seo.

Seòrsa a Dhà: Companaidhean no Buidhnean Co-cheangailte

4.12 Feumaidh sibh a chlàradh nuair a tha sibh nur stiùiriche gun tuarastal aig companaidh (no ghnòthachas no buidheann eile) far a bheil an companaidh sin na fho-chompanaidh aig, no na àrd-chompanaidh do, companaidh (no ghnòthachas no buidheann eile) far a bheil sibh nur stiùiriche le tuarastal.

4.13 Feumaidh sibh ainm an fho-chompanaidh no an àrd-chompanaidh no a' ghnòthachais no na buidhne eile ainmeachadh agus innse dè an seòrsa ghnòthachais a th' ann, agus feumaidh sibh innse dè an ceangal a th' ann eadar an companaidh sin agus an companaidh no ghnòthachas no buidheann eile far a bheil sibh nur stiùiriche le tuarastal.

4.14 Tha na paragrafan gu h-àrd a' buntainn ris na suidheachaidhean a leanas:

- tha sibh nur stiùiriche air bòrd aig companaidh no buidheann agus tha sibh a' faighinn tuarastal a chlàraich sibh fo sheòrsa a h-aon – agus
- tha sibh nur stiùiriche do dh'àrd-chompanaidh/àrd-bhuidheann no fo-chompanaidh/fo-bhuidheann ach chan eil sibh a' faighinn tuarastal airson na dreuchd sin.

Seòrsa a Trì: Cùmhnantan

4.15 Bidh agaibh ri com-pàirt a chlàradh nuair a tha sibh (no companaidh sa bheil sibh nur neach-compàirt, no ghnòthachas no buidheann dha bheil sibh nur stiùiriche no sa bheil sealbh agaibh air earrainnean de luach a tha air a mhìneachadh ann am paragraf 4.19 gu h-ìosal) air cùmhnant aontachadh le Bòrd na Gàidhlig dha bheil sibh nur Ball:

- (i) gus bathar no seirbheisean a thoirt seachad, no obair a dhèanamh; agus
- (ii) nuair nach deach an cùmhnant sin a chrìochnachadh fhathast.

4.16 Feumaidh sibh fiosrachadh mun cùmhnant a chlàradh, a' gabhail a-steach cho fad 's a mhaireas e, ach chan fheumar fios a chlàradh mu dè chaidh aontachadh a phàigheadh no a thoirt seachad.

Seòrsa a Ceithir: Taighean, Fearann is Togalaichean

4.17 Bidh agaibh ri com-pàirt a chlàradh nuair a tha sealbh agaibh air, no còir eile air, no com-pàirt ann an taighean, fearann agus togalaichean, a dh'fhaodadh a bhith cudromach no buntainneach do, no a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air, obair is gnìomhachd na buidhne dha bheil sibh nur Ball.

4.18 'S e a dh'fheumas sibh faighneachd nuair a tha sibh a' beachdachadh air dè na nithean a bhiodh e freagarrach a chlàradh fon cheann seo: am biodh e reusanta do bhall den phoball a bhith smaoineachadh gum faodadh a' chom-pàirt a th' agaibh ann an taighean, fearann no togalaichean buaidh a thoirt air na dleastanasan a th' agaibh don bhuidhinn dha bheil sibh nur Ball agus a th' agaibh don phoball, no gum faodadh na com-pàirtean sin buaidh a thoirt air na nì sibh, na chanas sibh no na co-dhùnaidhean a nì sibh.

Seòrsa a Còig: Com-pàirt tro Earrainnean agus Suimeannan-urrais

4.19 Bidh agaibh ri com-pàirt a chlàradh nuair a tha com-pàirt agaibh ann an no sealbh air earrainnean ann an companaidh no buidheann eile a dh'fhaodadh a bhith cudromach no buntainneach do, no a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air, obair no gnìomhachd (a) na buidhne dha bheil sibh nur Ball agus (b) nuair a tha **luach ainmichte** nan earrainnean sin:

- (i) nas motha na 1% de earrainnean iomlan a' chompanaidh no na buidhne a chaidh a reic; no
- (ii) nas motha na £25,000.

Nuair a th' agaibh ri com-pàirt a chlàradh, bu chòir dhuibh ainm clàraichte a' chompanaidh sa bheil earrainnean agaibh a thoirt seachad; chan fheum sibh an àireamh de dh'earrainnean a th' agaibh, no an luach, a chlàradh.

Seòrsa a Sia: Tiodhlacan is Aoiageachd

4.20 Feumaidh sibh fios a chlàradh mu thiodhlac no aoiageachd sam bith a fhuair sibh fhad 's a bha sibh nur Ball. Bidh an clàr-fiosrachaidh seo ri fhaotainn gu poblach. Ge-tà, chan fheum sibh tiodhlacan no aoiageachd, mar a tha iad sin air am mìneachadh ann am paragraf 3.7 (a) gu (c) den Chòd Choileanta seo, a chlàradh.

Seòrsa a Seachd: Com-pàirtean Neo-ionmhasail

4.21 Dh'fhaodadh gum bi agaibh ri com-pàirt a chlàradh ma tha com-pàirt agaibh ann an rudan neo-ionmhasail a dh'fhaodadh a bhith cudromach no buntainneach do, no a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air, obair is gnìomhachd na buidhne dha bheil sibh nur Ball. Tha e cudromach gun tèid com-pàirtean buntainneach eile - leithid ballrachd no dreuchd ann am buidhnean poblach eile, clubaichean, comainn agus buidhnean mar aonaidhean ciùird agus buidhnean poblach - a chlàradh agus a mhìneachadh.

4.22 A thaobh chom-pàirtean neo-ionmhasail, 's e a bu chòir dhuibh faighneachd nuair a tha sibh a' beachdachadh air dè na nithean a bhiodh e freagarrach a chlàradh fon cheann seo: am biodh e reusanta do bhall den phoball a bhith smaoineachadh gum faodadh com-pàirt sam bith a th' agaibh ann an nithean neo-ionmhasail buaidh a thoirt air na dleastanasan a th' agaibh don bhuidhinn dha bheil sibh nur Ball agus a th' agaibh don

phoball, no gum faodadh a' chom-pàirt sin buaidh a thoirt air na nì sibh, na chanas sibh no na co-dhùnaidhean a nì sibh.

EARRAINN 5: A' NOCHDADH CHOM-PÀIRTEAN

San Fharsaingeachd

5.1 Thathar a' cur prìomh phrionnsapalan a' Chòd air adhart ann an dòigh phragtaigeach, gu h-àraidh na prionnsapalan a tha brosnachadh dhaoine gu bhith treibhdhireach, onarach is fosgarra, tron riaghailt far am feum sibh cuid a chom-pàirtean a dhèanamh follaiseach an lùib obair is coinneamhan Bhòrd na Gàidhlig. Tha sin, còmhla ris na riaghailtean airson a bhith clàradh chom-pàirtean, a' dèanamh cinnteach gu bheil e soilleir dè na com-pàirtean a th' agaibh a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air na nì sibh, no a dh'fhaodadh a bhith air am faicinn le daoine eile mar chom-pàirtean a bheireadh buaidh air na nì sibh.

5.2 Bidh buidhnean poblach a' dèiligeadh ri caochladh bhuidhnean agus dhaoine agus tha an Còd seo a' comharrachadh nan suidheachaidhean far am feum sibh com-pàirt pearsanta no gnothachais a dhèanamh follaiseach. Ma tha earbsa gu bhith aig a' phoball ann am Bòrd na Gàidhlig agus sna Buill aige, feumaidh e bhith soilleir gu bheilear a' dèanamh cho-dhùnidhean a chum leas a' phobaill agus chan ann airson adhbhar sam bith eile.

5.3 Nuair a tha sibh a' beachdachadh air dè na com-pàirtean a bu chòir dhuibh a dhèanamh follaiseach aig coinneamh sam bith, feumaidh sibh faighneachd chan e a-mhàin an toireadh a' chom-pàirt buaidh air na nì sibh ach am biodh daoine eile buailteach a bhith smaoineachadh gun toireadh e buaidh oirbh. Feumaidh sibh, ge-tà, daonnan cumail ris an **t-slait-thomhais airson cothromachd** ("an t-slat-tomhais airson cothromachd"), sin am biodh e reusanta do bhall den phoball, aig a bheil eòlas air an fhiosrachadh bhuntainneach, smaoineachadh gu bheil a' chom-pàirt agaibh cho mòr 's gu bheil e buailteach gun toireadh e buaidh air an deasbad no na co-dhùnidhean a nì sibh mar Bhall de Bhòrd na Gàidhlig.

5.4 Ma tha sibh den bheachd, a thaobh na cùise air a bheilear a' beachdachadh, nach b' urrainnear a ràdh gu bheil an ìre 's gu bheil an compàirt agaibh sa chùis nas motha na ball àbhaisteach den phoball, agus nach eil e coltach gum biodh am poball ga faicinn mar nì ceàrr, faodaidh sibh fuireach aig a' choinneimh agus pàirt a ghabhail san deasbad agus sa bhòtadh. Ach feumaidh sibh com-pàirt buntainneach sam bith a dhèanamh follaiseach. Tha e an urra ribh fhèin breith a thoirt: a bheil com-pàirt sam bith a th' agaibh buntainneach gu leòr ris a' chùis air a bheilear a' beachdachadh 's sin a' ciallachadh gum feum sibh a' chom-pàirt sin a chlàradh, agus tha e nas fheàrr a bhith deas gus com-pàirt a nochdadh seach a chumail air ais. Mura h-eil Ball a' Bhùird cinnteach a bheil strì eadar com-pàirtean ann, bu chòir dhaibh comhairle iarraidh bho Chathraiche a' Bhùird.

5.5 Mar Bhall de Bhòrd na Gàidhlig, dh'fhaodadh gum bi sibh nur Ball no ag obair do bhuidhnean eile. A thaobh seirbheis air na Bùird is Comataidhean Stiùiridh aig companaidhean earranta, buidhnean poblach, comainn agus buidhnean eile, feumaidh sibh co-dhùnadh a dhèanamh, a rèir an t-suidheachaidh a tha buntainn ri cùis sam bith, am bu chòir dhuibh com-pàirt a nochdadh. Bu chòir dhuibh a' chom-pàirt a nochdadh, ach nuair a tha sibh den bheachd, ann an suidheachadh àraidh sam bith, gu bheil an ceangal/com-pàirt cho fada às agus cho neo-chudromach 's nach bu chòir dhuibh a dhèanamh follaiseach. Bu chòir dhuibh daonnan cuimhneachadh, gu bheil e a chum leas a' phobaill a bhith fosgarra, agus gum faod eadar-dhealachadh no strì a bhith ann eadar a' chom-pàirt a th' agaibh ann am Bòrd na Gàidhlig agus ann am buidheann eile. Cuimhnichibh gu h-àraidh air a' chomhairle ann am paragraf 3.15 den Chòd Choileanta seo a thaobh nan dleasan laghail a th' agaibh airson companaidh earranta sam bith dha bheil sibh nur stiùiriche.

Com-pàirtean a dh'Fheumas sibh a Dhèanamh Follaiseach

5.6 Dh'fhaodadh gum bi na com-pàirtean air a bheil fios agaibh agus a dh'fheumas sibh a chlàradh a bhith nan com-pàirtean ionmhasail no neo-ionmhasail. Dh'fhaodadh gum bi no nach bi iad air an gabhail a-steach sna com-pàirtean a tha rin clàradh fo chumhachan a' Chòd seo. 'S e com-pàirtean pearsanta a bhios sa mhòr-chuid de na com-pàirtean a nochdas sibh, ach uaireannan bidh agaibh ri faighneachd am bu chòir dhuibh com-pàirtean aig daoine eile a dhèanamh follaiseach. Tha na paragrafan a leanas a' dèiligeadh ri (a) na com-pàirtean ionmhasail agaibhse (b) na com-pàirtean neo-ionmhasail agaibh agus (c) na com-pàirtean, ionmhasail agus neo-ionmhasail, aig daoine eile.

5.7 Dh'fhaodadh gum bi com-pàirtean prìobhaideach is pearsanta eile agaibh, agus dh'fhaodadh gu bheil sibh a' dèanamh seirbheis do no gu bheil buntainneas agaibh ri buidhnean no comainn eile air sàillibh nan com-pàirtean prìobhaideach is pearsanta agaibh agus chan ann tro ur dreuchd mar Bhall de Bhòrd na Gàidhlig. A thaobh com-pàirt àraidh sam bith a bhios agaibh, feumaidh sibh fhèin co-dhùnadh a dhèanamh am bu chòir dhuibh a' chom-pàirt sin a nochdadh. Bu chòir dhuibh com-pàirt a nochdadh, ach a-mhàin, nuair a tha sibh den bheachd, ann an suidheachadh àraidh sam bith, gu bheil an ceangal/com-pàirt cho fada às agus cho neo-chudromach 's nach bu chòir dhuibh. Nuair a tha sibh air beachdachadh air an t-slaith-thomhais airson cothromachd, bu chòir dhuibh faighneachd an coimheadadh ball den phoball, a bha a' gabhail beachd reusanta air a' chom-pàirt agaibh (co-dhiù a tha a' chom-pàirt ag èirigh bho cheangal a th' agaibh ri buidheann no bho dhreuchd a th' agaibh), air a' chom-pàirt sin ann an dòigh eadar-dhealaichte seach gur e com-pàirt a th' ann a th' aig Ball de Bhòrd na Gàidhlig agus nach e com-pàirt a th' ann a th' aig ball àbhaisteach den phoball.

Na Com-pàirtean Ionmhasail agaibh

5.8 Feumaidh sibh, ma tha fios agaibh air, com-pàirt ionmhasail sam bith a dhèanamh follaiseach (a' gabhail a-steach com-pàirtean ionmhasail a tha rin clàradh fo gin de na seòrsaichean ainmichte ann an Earrainn 4 den Chòd seo). Ma tha com-pàirt chlàraichte agaibh fo sheòrsa a h-aon a thaobh chom-pàirtean ionmhasail no seòrsa a seachd a thaobh chom-pàirtean neo-ionmhasail ann an Earrainn 4 den Chòd seo:

- (a) agus sibh nur comhairliche aig ùghdarras ionadail;
- (b) agus sibh nur tidsear no nur n-òraidiche Gàidhlig no ealain, eachdraidh no cultar na Gàidhlig;
- (c) agus sibh nur n-oifigear aig ùghdarras ionadail le dleastanasan a bhuineas ri obair co-cheangailte ri Gàidhlig no ealain, eachdraidh no cultar na Gàidhlig
- (d) agus sibh nur ball no oifigear aig buidhinn phoblaich thiomnaichte, no aig buidheann riaghlaidh le dleastanasan a bhuineas ri foghlam, no
- (e) agus sibh nur ball no oifigear aig buidheann le ceangal ris a' Ghàidhlig agus sibh air ur fastadh don Bhòrd Stiùiridh air sàillibh gu bheil sibh nur ball no oifigear aig a' bhuidhinn sin,

chan fheum sibh, air an adhbhar sin a-mhàin, a' chom-pàirt sin a dhèanamh follaiseach.

Cha leig sibh leas com-pàirt a nochdadh ma tha an ceangal cho fada às no cho neo-chudromach 's gum biodh e mì-reusanta a bhith ag ràdh gum feum sibh a' chom-pàirt a nochdadh a rèir na slaite-tomhais airson cothromachd.

Nuair a tha sibh air com-pàirt a nochdadh mu chùis, feumaidh sibh a' choinneamh fhàgail gus a bheil an deasbad air a' chùis sin seachd. Chan fheum sibh a' choinneamh fhàgail ma tha an ceangal cho fada às no cho neo-chudromach 's gum biodh e mì-reusanta a bhith ag ràdh gum feum sibh a' chom-pàirt a nochdadh air sgàth na slaithe-tomhais airson cothromachd.

Na Com-pàirtean Neo-ionmhasail agaibh

5.9 Feumaidh sibh, ma tha fios agaibh air, com-pàirt neo-ionmhasail sam bith a dhèanamh follaiseach:

- (i) ma chaidh a' chom-pàirt sin a chlàradh fo sheòrsa a seachd (Com-pàirtean Neo-ionmhasail) de dh'Errainn 4 den Chòd; no
- (ii) nam feumte a dhèanamh follaiseach air sgàth na slaithe-tomhais airson cothromachd.

Cha leig sibh leas com-pàirt a nochdadh ma tha an ceangal cho fada às no cho neo-chudromach 's gum biodh e mì-reusanta a bhith ag ràdh gum feum sibh a' chom-pàirt a nochdadh air sgàth na slaithe-tomhais airson cothromachd.

Nuair a tha sibh air com-pàirt a nochdadh mu chùis, feumaidh sibh a' choinneamh fhàgail gus a bheil an deasbad air a' chùis sin seachd. Chan fheum sibh a' choinneamh fhàgail ma tha an ceangal cho fada às no cho neo-chudromach 's gum biodh e mì-reusanta a bhith ag ràdh gum feum sibh a' chom-pàirt a nochdadh air sgàth na slaithe-tomhais airson cothromachd.

Na Com-pàirtean Ionmhasail aig Daoine Eile

5.10 Fon Chòd seo chan fheum sibh ach na com-pàirtean ionmhasail agaibh fhèin a chlàradh. Feumaidh sibh cuideachd, ge-tà, beachdachadh air am bu chòir dhuibh na com-pàirtean ionmhasail aig cuid a dhaoine eile fhoillseachadh.

Feumaidh sibh a dhèanamh follaiseach, ma tha fios agaibh air com-pàirt ionmhasail sam bith:-

- (i) a th' aig a' chèile agaibh, an companach catharra agaibh no an neach a tha fuireach còmhla ribh;
- (ii) a th' aig na dlùth chàirdean agaibh, dlùth charaid no neach le dlùth cheangal ribh;
- (iii) a th' aig an fhastaiche agaibh no neach-compàirt bho chompanaidh sa bheil sibh fhèin nur neach-compàirt;
- (iv) a th' aig buidheann (no a th' aig fo-bhuidheann no àrd-bhuidheann do bhuidheann) dha bheil sibh nur ball no nur stiùiriche le tuarastal;
- (v) a th' aig neach bhon d' fhuair sibh tiodhlac no aoigheachd a tha ri chlàradh;
- (vi) a th' aig neach bhon d' fhuair sibh pàigheadh airson chosgaisean a tha ri chlàradh.

Cha leig sibh leas com-pàirt a nochdadh ma tha an ceangal cho fada às no neo-chudromach 's gum biodh e mì-reusanta a bhith ag ràdh gum feum sibh a' chom-pàirt a nochdadh air sgàth na slaithe-tomhais airson cothromachd.

Nuair a tha sibh air com-pàirt a nochdadh mu chùis, feumaidh sibh a' choinneamh fhàgail gus a bheil an deasbad is a' bhòtadh air a' chùis sin seachd. Chan fheum sibh a' choinneamh fhàgail ma tha an ceangal cho fada às no neo-chudromach 's gum biodh e mì-reusanta a bhith ag ràdh gum feum sibh a' chom-pàirt a nochdadh air sgàth na slaithe-tomhais airson cothromachd.

5.11 Chan eil an Còd a' feuchainn ri mìneachadh a thoirt air "neach-dàimh/càirdean" no "caraid" no "neach le ceangal ribh". Chan e a-mhàin gum biodh e doirbh sin a dhèanamh, ach cuideachd cha bhiodh e coltach gum biodh a leithid a mhìneachaidhean a' toirt taic do dh'amasan a' phàirt seo den Chòd. 'S e am prìomh phrionnsapal gum bu chòir fosgarrachd a bhith ann a thaobh com-pàirt sam bith (chan eil e gu diofar dè an ceangal mionaideach a tha eadar an neach le com-pàirt agus sibhse) a dh'fhaodadh a bhith air a mheas gu cothromach le ball den phoball, a tha beachdachadh gu reusanta air a' chùis, mar chom-pàirt a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air na dleastanasan agaibh mar Bhall de Bhòrd na Gàidhlig, agus, mar sin, ris an deigheadh dèiligeadh le bhith cleachdadh na slaithe-tomhais airson cothromachd.

Na Com-pàirtean Neo-ionmhasail aig Daoine Eile

5.12 Feumaidh sibh a dhèanamh follaiseach, ma tha fios agaibh air com-pàirt neo-ionmhasail sam bith:-

- (i) a th' aig a' chèile agaibh, an companach catharra agaibh no an neach a tha fuireach còmhla ribh;
- (ii) a th' aig na dlùth chàirdean agaibh, dlùth charaid no neach le dlùth cheangal ribh;
- (iii) a th' aig an fhastaiche agaibh no neach-compàirt bho chompanaidh sa bheil sibh fhèin nur neach-compàirt;
- (iv) a th' aig buidheann (no a th' aig fo-bhuidheann no àrd-bhuidheann do bhuidheann) dha bheil sibh nur ball no nur stiùiriche le tuarastal;
- (v) a th' aig neach bhon d' fhuair sibh tiodhlac no aoiigeachd a tha ri chlàradh;
- (vi) a th' aig neach bhon d' fhuair sibh pàigheadh airson chosgaisean a tha ri chlàradh.

Cha leig sibh leas com-pàirt a nochdadh ma tha an ceangal cho fada às no neo-chudromach 's gum biodh e mì-reusanta a bhith ag ràdh gum feum sibh a' chom-pàirt a nochdadh air sgàth na slaithe-tomhais airson cothromachd.

Cha leig sibh leas coinneamh fhàgail ach nuair a tha com-pàirt soilleir agus susbainteach ann.

A' Nochdadh Com-pàirt

5.13 Feumaidh sibh smaoinichadh, aig an ìre as tràithe as urrainn dhuibh, air mar a dh'fhaodadh com-pàirt a bhith agaibh co-cheangailte ri cùis sam bith air am bithear a' beachdachadh. Bu chòir dhuibh faighneachd dhuibh fhèin a bheil clàran-gnothaich airson choinneamhan a' togail chùisean far am feum sibh com-pàirt a nochdadh. Bu chòir dhuibh a' chom-pàirt agaibh a dhèanamh follaiseach cho luath 's as urrainn dhuibh aig a' choinneimh far a bheil a' chùis ag èirigh. Ma thachras gum fàs e follaiseach dhuibh gum feum sibh com-pàirt a chomharrachadh co-cheangailte ri cùis às dèidh dhuibh tòiseachadh a' bruidhinn air a' chùis sin, feumaidh sibh a' chom-pàirt sin a nochdadh cho luath 's a thuigeas sibh gum feum sibh.

5.14 Nuair a tha sibh ag innse don choinneimh gu bheil com-pàirt agaibh a thaobh cùis sam bith, bu chòir dhuibh innse dè a’ phuing no puingean ris am buin a’ chom-pàirt. Bu chòir dhuibh tòiseachadh le bhith ag ràdh, “Tha mi a’ nochdadh com-pàirt”. Feumaidh sibh fiosrachadh gu leòr a thoirt seachad a leigeas leis na daoine aig a’ choinneimh tuigsinn dè an seòrsa com-pàirt a th’ agaibh, ach chan fheum sibh mìneachadh mionaideach a thoirt air a’ chom-pàirt.

A’ Nochdadh Chom-pàirtean gu Tric

5.15 Nì e cron air an earbsa a th’ aig a’ phoball ann am Bòrd na Gàidhlig ma tha daoine den bheachd gu bheil nithean eile, a bharrachd air nithean a tha a chum leas a’ phobail, a’ toirt buaidh shusbainteach air co-dhùnaidhean na buidhne. Nam feumadh sibh com-pàirtean a dhèanamh follaiseach gu tric aig coinneamhan san dreuchd agaibh mar Bhall a’ Bhùird, cha bu chòir dhuibh gabhail ri dreuchd a dh’fhàgadh sibh san t-suidheachadh sin. Ma tha Buill a’ nochdadh chom-pàirtean gu tric aig coinneamhan, bu chòir dhaibh faighneachd dhaibh fhèin an urrainn dhaibh cumail orra a’ coileanadh na dreuchd aca gu h-èifeachdach agus bu chòir dhaibh bruidhinn mu dheidhinn ris a’ Chathraiche. Mar an ceudna, nam biodh ceistean ann a thaobh cho cothromach ’s a bhiodh sibh nur co-dhùnaidhean nan gabhadh sibh ri dreuchd no moladh airson dreuchd le buidheann eile, agus na ceistean air sàillibh nan ceanglaichean pearsanta a th’ agaibh mu thràth, cha bu chòir dhuibh gabhail ris an dreuchd no ris a’ mholadh sin.

Saoraidhean

5.16 Ann an fìor chorra shuidheachadh faodaidh Coimisean nan Inbhean saoraidhean a thoirt seachad a thaobh chom-pàirtean ionmhasail agus neo-ionmhasail a chuireadh stad oirbh gu h-àbhaisteach bho bhith gabhail pàirt ann an agus a’ bhòtadh air cùisean àraidh a thigeadh air beulaibh Bhòrd na Gàidhlig agus nan comataidhean aige airson beachdachadh orra.

5.17 Beachdaichidh Coimisean nan Inbhean air iarrtasan airson shaoraidhean agus bu chòir dhuibh leithid a dh’iarrtas a chur thuca cho luath ’s as urrainn dhuibh gus leigeil leotha breithneachadh ceart a dhèanamh air an iarrtas mus tèid na coinneamhan a chumail dha bheil sibh a’ sireadh saoradh. Cha bu chòir dhuibh pàirt a ghabhail ann a bhith beachdachadh air a’ chùis gus am faigh sibh saoradh.

EARRAINN 6: TAGRAIDHEAN BHO DHAOINE AGUS COTHROMAN GUS CONALTRADH RIS NA BUILL BÙIRD AIG BUIDHNEAN POBLACH

Ro-ràdh

6.1 Gus an urrainn do Bhòrd na Gàidhlig a dhleastanas a choileanadh gus a bhith fosgailte agus gum bi e soirbh don phoball bruidhinn ri Buill, feumaidh e buidhnean is daoine fa leth a bhrosnachadh gu bhith gabhail pàirt sa phròiseas gus co-dhùnaidhean a dhèanamh. Tha e follaiseach, ge-tà, nuair a thig e gu bhith brosnachadh a' phobaill agus bhuidhnean eile le ùidh ann an obair Bhòrd na Gàidhlig gu bhith dol an sàs sa phròiseas gus co-dhùnaidhean a dhèanamh, gum feumar dèanamh cinnteach gun coilean Bòrd na Gàidhlig an obair aige ann an dòigh a tha fosgarra agus le ionracas.

6.2 Feumaidh e bhith comasach dhuibh beachdachadh air fianais agus argamaidean a bheir caochladh bhuidhnean is daoine fa leth seachad ma tha sibh a' dol a choileanadh ur dleastanasan gu h-èifeachdach. Bidh cuid de na buidhnean is daoine sin a' toirt nam beachdan aca seachad do na Buill fa leth le bhith bruidhinn riutha no a' sgrìobhadh thuca gu pearsanta. Tha na riaghailtean sa Chòd seo ag innse mar a bu chòir dhuibh ur giùlan fhèin nuair a tha sibh a' conaltradh ri daoine a tha feuchainn ri buaidh a thoirt air ur beachdan. Tha iad air an dealbh gus co-chonaltradh ceart a bhrosnachadh eadar Buill de bhuidhnean poblach, na daoine a tha iad a' riochdachadh agus buidhnean com-pàirteach.

Riaghailtean is Stiùireadh

6.3 Chan fhaod sibh, ann a bhith conaltradh ri neach no buidheann sam bith a nì tagradh ribh, dad a dhèanamh a bhristeas an Còd seo no riaghailt bhuntainneach sam bith eile aig Bòrd na Gàidhlig no cumha reachdail sam bith.

6.4 Chan fhaod sibh, ann a bhith conaltradh ri neach no buidheann sam bith a nì tagradh ribh, ur giùlan fhèin ann an dòigh a dhèanadh cron air cliù Bhòrd na Gàidhlig.

6.5 Feumaidh am poball a bhith cinnteach nach fhaigh neach no buidheann sam bith cothrom nas fheàrr conaltradh ribh, agus nach tèid dèiligeadh riutha ann an dòigh nas fheàrr, dìreach air sàillibh gun do phàigh iad companaidh no neach gus tagradh a dhèanamh ribh às an leth. Mar sin, chan fhaod sibh cothrom conaltraidh nas fheàrr a thoirt do dhaoine a nì tagradh airson pàigheadh ribh às leth dhaoine eile, agus chan fhaod sibh dèiligeadh riutha ann an dòigh nas fheàrr, an coimeas ris na cothroman conaltraidh a bheir sibh do neach no buidheann sam bith eile a nì tagradh ribh no a nì conaltradh ribh agus an coimeas ris an dòigh san dèilig sibh riuthasan. Cha bu chòir nas motha gum bi sibh air toirt air daoine a nì tagradh airson pàigheadh às leth dhaoine eile a bhith tuigsinn gum faigh iad cothrom nas fheàrr air conaltradh a dhèanamh ri Ball eile de Bhòrd na Gàidhlig no gun dèilig am Ball riutha ann an dòigh nas fheàrr, an coimeas ri neach no buidheann eile.

6.6 Mus dèan sibh dad a thaobh tagradh a fhuair sibh, bu chòir dhuibh dèanamh cinnteach gu bheil sibh riarachtaichte gu bheil fios agaibh cò th' anns an neach no a' bhuidheann a tha dèanamh tagradh ribh agus carson a tha iad ga dhèanamh. Dh'fhaodadh cuideachd gun roghnaich sibh rudeigin a dhèanamh às dèidh dhuibh tagradh fhaighinn bho neach no buidheann a tha dèanamh tagradh às leth dhaoine eile airson pàigheadh, ach tha e cudromach gum bi fios agaibh cò a tha dèanamh tagradh agus carson gus dèanamh cinnteach gum bi gnìomh sam bith a nì sibh a thaobh an tagraidh a' cumail ri inbhean a' Chòd seo.

6.7 Cha bu chòir dhuibh gabhail ri obair sam bith le pàigheadh:-

- (a) far am biodh sibh a' dèanamh tagradh às leth neach no buidheann sam bith no às leth dhaoine a tha air am pàigheadh le neach no buidheann 's iad ag iarraidh oirbh tagradh a dhèanamh.
- (b) far am biodh sibh a' toirt seachad sheirbheisean mar eòlaiche ro-innleachdail no neach-comhairleachaidh, mar eisimpleir, a' toirt comhairle seachad air mar a b' urrainnear buaidh a thoirt air na co-dhùnaidhean aig buidhinn phoblaich no na Buill aice. Chan eil sin a' cur stad oirbh bho bhith faighinn pàigheadh airson obair a nì sibh mar Bhall den bhuidhinn phoblaich, leithid a' sgrìobhadh do phàipearan-naidheachd no an lùib craolaidh, no bho bhith a' riochdachadh na buidhne no a' dèanamh taisbeanadh às a leth, mar eisimpleir bho bhith gabhail pàirt ann am buidhnean de luchd-riochdachaidh, co-labhairtean agus tachartasan eile.

6.8 Ma tha dragh sam bith agaibh mun dòigh sa bheil neach no buidheann sam bith a' conaltradh ribh, bu chòir dhuibh comhairle iarraidh bho Bhòrd na Gàidhlig.

EÀRR-RÀDH A

NA MODHAN-SMACHDACHAIDH AS URRAINN DO CHOIMISEAN NAN INBHEAN A CHUR AN SÀS NUAIR A THÈID AN CÒD GIÙLAIN A BHRISTEADH

(a) Achmhasan – faodaidh an Coimisean achmhasan a thoirt do Bhall gun a bhith dèanamh dad eile ach sin;

(b) Thèid Stad a Chur air – a’ Bhall airson ùine a mhaireas suas gu bliadhna aig a’ char as fhaide bho bhith frithealadh air aon no barrachd, ach chan e iad uile, de na coinneamhan a leanas:

- i) gach coinneamh aig Bòrd na Gàidhlig;
- ii) gach coinneamh de aon no barrachd de na comataidhean no fo-chomataidhean aig Bòrd na Gàidhlig;
- (iii) gach coinneamh aig buidhinn phoblaich sam bith eile far a bheil am Ball a’ riochdachadh Bhòrd na Gàidhlig, dha bheil iad nam Ball.

(c) Thèid Stad a Chur air – a’ Bhall airson ùine a mhaireas suas gu bliadhna aig a’ char as fhaide bho bhith frithealadh air a h-uile seòrsa coinneimh air a bheil iomradh ann am (b) gu h-àrd;

(d) A’ Call na Dreuchd – thèid am Ball a chur às an dreuchd mar Bhall den bhuidhinn phoblaich airson ùine a mhaireas suas gu còig bliadhna aig a’ char as fhaide.

Nuair a thèid stad a chur air Ball bho bhith frithealadh air coinneamhan rè seala, dh’fhaodadh gun iarr Coimisean nan Inbhean gun tèid lùghdachadh a thoirt air an tuarastal no na sochairean a gheibh am Ball sin airson a bhith nam Ball de Bhòrd na Gàidhlig, no gun iarr iad nach tèid am pàigheadh idir.

Nuair a chuireas Coimisean nan Inbhean neach às an dreuchd aca mar Bhall de Bhòrd na Gàidhlig, dh’fhaodadh gun cuir iad na modhan-smachdachaidh a bharrachd seo an sàs:

(a) Nuair a tha Ball de Bhòrd na Gàidhlig cuideachd nan comhairliche, dh’fhaodadh gun cuir Coimisean nan Inbhean casg air a’ Bhall sin bho bhith air am moladh airson an taghadh, no bho bhith air an taghadh, mar chomhairliche (airson ùine a mhaireas suas gu còig bliadhna aig a’ char as fhaide). Nuair a thèid comhairliche a chur às an dreuchd aca, tha iad a’ call na dreuchd aca mar Bhall de Bhòrd na Gàidhlig cuideachd agus chan eil iad nam Ball tuilleadh de chomataidh, fo-chomataidh, co-chomataidh no co-Bhòrd sam bith no buidheann sam bith eile far a bheil iad a’ riochdachadh an ùghdarrais ionadail.

(b) Dh’fhaodadh gun iarr an Coimisean gun caill am Ball a’ bhallrachd aca ann am buidheann phoblach thiomnaichte sam bith eile dha bheil iad nam Ball, agus nach fhaod iad cur a-steach airson ballrachd airson a leithid a bhuidhnean nas motha, (fhad ’s a tha an Còd Giùlain airson Bhall airson na buidhne sin an gnìomh aig an àm) agus faodaidh an Coimisean casg a chur air neach bho bhith gabhail na dreuchd os làimh mar Choimiseanair airson Gnìomhachas an Uisge.

Ann an cuid a shuidheachaidhean chan eil na cumhachdan reachdail aig Coimisean nan Inbhean gus modhan-smachdachaidh a chur an sàs, mar eisimpleir, ma tha neach nam ball neo-dhreuchdail den Bhòrd no air an cur an dreuchd leis a’ Bhanrigh. Faicibh Earrainnean 23 is 24 de dh’Achd nan Inbhean Beusach sa Bheatha Phoblaich mssa (Alba) 2000.

Chithear làn-fhiosrachadh mu na modhan-smachdachaidh ann an Earrainn 19 den Achd.

EÀRR-RÀDH B

MÌNEACHAIDHEAN

- a) Tha **“Cathraiche”** a’ gabhail a-steach Cathraiche a’ Bhùird no neach sam bith eile a tha gabhail os làimh dhleastanasan ceudna fo structar eile airson co-dhùnaidhean a dhèanamh.
- b) Tha **“Còd”** a’ ciallachadh còd giùlain airson buill nam buidhnean poblach tiomnaichte.
- c) Tha **“Neach a tha fuireach còmhla ribh”** a’ gabhail a-steach neach, de ghnè eile no den aon ghnè, a tha fuireach còmhla ribh agus sibh ann an càirdeas a tha coltach ris a’ chàirdeas a tha eadar fear is bean.
- d) Tha **“Buidheann de chompanaidhean”** a’ ciallachadh an aon rud ri “buidheann” ann an earrainn 262(1) de dh’Achd nan Companaidhean 1985. Tha “buidheann”, ann an earrainn 262(1) de Achd nan Companaidhean 1985, a’ ciallachadh àrd-chompanaidh no àrd-bhuidheann agus na fo-chompanaidhean no fo-bhuidhnean aige.
- e) Tha **“Àrd-chompanaidh no Àrd-bhuidheann”** a’ ciallachadh companaidh no buidheann a tha os cionn companaidh no buidheann eile (fo-chompanaidh no fo-bhuidheann). Tha sin fìor ma tha a) a’ mhòr-chuid de na còraichean airson an fho-chompanaidh/na fo-bhuidhne aig an àrd-chompanaidh/àrd-bhuidhinn; no b) ma tha e na bhall den fho-chompanaidh/fho-bhuidhinn agus tha a’ chòir aige a’ mhòr-chuid den Bhòrd aig an fho-chompanaidh/fho-bhuidhinn a chur an dreuchd no a chur às an dreuchd; no c) ma tha a’ chòir aige stiùireadh is ceannas a thoirt don fho-chompanaidh/fho-bhuidhinn (i) ri linn meòrachan no cumhachan riaghlaidh an fho-chompanaidh/na fo-bhuidhne no (ii) ri linn cùmhnant-riaghlaidh; no d) ma tha e na bhuidheann-chomhairleachaidh don fho-chompanaidh/fho-bhuidhinn agus ma tha smachd aig an àrd-chompanaidh/àrd-bhuidhinn a-mhàin, ri linn aonta le luchd-seilbh earrainnean no luchd-comhairleachaidh eile, air a’ mhòr-chuid de na còraichean airson an fho-chompanaidh/na fo-bhuidhne.
- f) Tha **“Neach”** a’ ciallachadh neach fa leth no neach laghail agus tha e a’ gabhail a-steach buidheann de chompanaidhean.
- g) Tha **“Neach sam bith”** a’ gabhail a-steach daoine fa leth, buidhnean co-chorpaichte agus buidhnean neo-chorpaichte, aonaidhean ciùird, buidhnean carthannais agus buidhnean saor-thoileach.
- h) Tha **“Buidheann phoblach”** a’ ciallachadh buidheann phoblach tiomnaichte bhon liosta ann an Clàr 3 de dh’Achd nan Inbhean Beusach sa Bheatha Phoblaich mssa (Alba) 2000, mar a chaidh a h-atharrachadh.
- i) Tha **“Companaidh no Buidheann Cho-cheangailte”** a’ gabhail a-steach àrd-chompanaidh/àrd-bhuidheann no fo-chompanaidh/fo-bhuidheann a tha co-cheangailte ri companaidh no buidheann dha bheil sibh nur stiùiriche agus sibh nur stiùiriche don chompanaidh no buidheann cho-cheangailte cuideachd. Bidh sibh a’ faighinn tuarastal bhon phrìomh chompanaidh/bhuidhinn dha bheil sibh nur ball/stiùiriche ach cha bhi sibh a’ faighinn tuarastal bhon àrd-chompanaidh/àrd-bhuidhinn no bhon fho-chompanaidh/fho-bhuidhinn.

- j) Tha **“Tuarastal”** a’ gabhail a-steach tuarastal, pàigheadh, pàirt den phrothaid, cis, cosgaisean, no buannachd airgid no buannachd de sheòrsa sam bith eile. Faodaidh seo a bhith gabhail a-steach, mar eisimpleir, càr a’ chompanaidh no nuair a phàigheas am fastaiche na cosgaisean siubhail agaibh.
- k) Chan eil **“Cèile”** a’ gabhail a-steach neach a b’ àbhaist a bhith na c(h)èile agaibh no cèile nach eil a’ fuireach còmhla ribh tuilleadh agus sibh air dealachadh.
- l) Tha **“Companaidh, gnothachas no buidheann”** a’ ciallachadh:
- buidheann cho-chorpaichte no com-pàirteachas; no
 - comann neo-chorpaichte a tha ri malairt no gnothachas, a tha, no nach eil, ag amas air prothaid a dhèanamh.